

# Innleachdairean agus innleachdan Albannach

Tha **Isla, an t-Innleachdair Òg**, air tighinn don taigh-tasgaidh a lorg innleachdan Albannach.

Thig còmhla ri Isla air a cuairt timcheall an taigh-tasgaidh gus faicinn cuid de na h-innleachdan sin agus mar a thug iad buaidh air ar beatha agus an saoghal mun cuairt oirnn.



Às aonais innleachdairean agus innleachdan, is dòcha gum biodh sinn fhathast a' cur theileagraman a' falbh, a' fulang le pian no a' cleachdadh post a' chalmain.

## Thugainn gu *Communicate (Conaltradh)*, Ìre 3



### Alasdair Greumach Bell

Tha **Alasdair Greumach Bell**, a rugadh ann an Dùn Èideann, ainmeil mar innleachdair na fòn.

Thachair a' chiad ghairm fòn air Dihaoine 10 Màrt 1876 nuair a dh'èigh e a-steach ann "*Mgr Watson – thig an seo – tha mi airson d' fhaicinn*".

**Coimhead timcheall a' ghailearaidh** agus cuidich Isla gus fòn a lorg –

- le dial
- le càball
- air a dhèanamh de fhiodh
- le caractar cartùin
- ann am bogsa
- le meur-chlàr
- dèanta airson càr

Dè a' fòn as **motha** a lorgas tu?

---

Dè a' fòn as **lugha** a lorgas tu?

---

**Tarraing** a' fòn as fheàrr leat an seo.

## Is e an dàrna stad againn *Technology by Design* (Teicneòlas le Dealbhadh), Ìre 3



### Dè tha air an teilidh?

**Cuidich Isla** a' lorg modail tràth de thelebhisean.

**Smaoinich** air na telebhiseanan a bhios sinn a' cleachdadh an-diugh.

Innis **dà** choltas agus **dà** eadar-dhealachadh eadar na telebhiseanan sin agus an tè a chì thu air do bheulaibh.



Ann an 1926 thaisbean an t-innleachdair Albannach Iain Logie Baird a' chiad telebhisean ag obair.

### Coltas

- 1.
- 2.

### Eadar-dhealachadh

- 1.
- 2.

## Coimhead a-mach airson na duais seo air a' bhalla ann an *Technology by Design* (Teicneòlas le Dealbhadh), Ìre 3



### Innleachdan do na h-uile


Air a dhealbhadh le **Daibhidh Gow**, b' e seo a' chiad ghàirdean fuadain le gualainn, uileann, caol-dùirn agus meuran uile gan obrachadh le cumhachd dealain.

**Cuidich Isla** a' lionadh nam faclan gu h-ìosal.



An robh fios agad?

Bhiodh daoine ag ràdh gur e Siostam Guailne Modular Dhùn Èideann a' chiad ghàirdean bionic san t-saoghal.



● gu\_l\_\_n

● u\_l\_\_nn

c\_\_l-d\_\_rn ●

m\_\_r\_n ●




## Theirig suas aon làr chun ghailearaidh *Enquire (Ceasnaich)*, Ìre 5



### Ag innleachd dhrogaichean

**Ceangail na dotagan** gus faicinn mar a rinn an ceimigear Albannach Sir Dàibhidh Jack leasachadh mòr air leigheas na cuing.



An robh fios agad?

Tha innleachdan meidigeach Albannach air na milleanan de bheathannan a leasachadh agus a shàbhaladh air feadh an t-saoghail.

**Tarraing** aon de na duaisean aig Sir Dàibhidh Jack.

## Fuirich air Ìre 5 agus theirig don ghailearaidh *Energise (Lùth)*.



### Innleachdan cumhachdach

**Lorg an tonnag** nach dèan gàgail.

Air thoiseach san t-saoghal, chaidh seo a leasachadh le sgioba aig Oilthigh Dhùn Èideann. Gus barrachd fhaighinn a-mach mun tunnaig seo, lìon an abairt gu h-ìosal a' cleachdadh nam faclan sa bhogsa airson do chuideachadh.

tonn

dealan

thulg

Salter

\_\_\_\_\_ Tonnag \_\_\_\_\_ air uachdar nan tonn a' tionndaidh lùth  
nan \_\_\_\_\_ gu \_\_\_\_\_ a ghabhas cleachdadh.

### Feuch ris na tuinn agad fhèin a dhèanamh.

Feuch ri diofar thuinn a dhèanamh agus rannsaich cumhachd nan tonn a' cleachdadh inneal nan tonn. Carson nach cuir sibh tuinn tro loidhne dhaoine le bhith a' cumail làmhnan a chèile.

Nuair a bhios tu a' dol timcheall phàirtean eile den taigh-tasgaidh, cùm sùil a-mach airson innleachdairean is innleachdan Albannach eile.  
**Cia mheud a lorgas tu?**



Tha mi an dòchas gun do chòrd e ribh tighinn timcheall an taigh-tasgaidh còmhla rium. Seo a-nis an cothrom agadsa rudeigin innleachdadh a bhios ann an taigh-tasgaidh san àm ri teachd. Dè nì thu? Gura math a thèid leat.

Innleachdair \_\_\_\_\_

Ceann-latha \_\_\_\_\_

## Aig an taigh

Tha na gailearaidhean againn an-còmhnaidh ag atharrachadh agus chan eil iad a' sealltainn ach taghadh beag de dh'innleachdan. Nach dèan thu sgrùdadh air innleachdairean eile agus na h-innleachdan aca? Cò a lorgas tu?

Cuir na h-innleachdan a lorgas tu air loidhne-tìm. Dè an innleachd as tràithe a lorg thu?